bu chòir dhuinn ar coimhearsnaich a ghràdhachadh mar sinn fhèin. Ach tha cuid dhe ar coimhearsnaich a' cur feum air barrachd cuideachaidh na cuid eile. Tha mi a' togail airgid do dhaoine an-dràsta. Ach a-nochd tha mi a' cuideachadh ann am fasgadh do dhaoine gun dachaigh, còmhla ri daoine bho chreideamhan eile. Tha sinn uile a' creidsinn gu bheil Dia airson gun cuidich sinn ar co-chreutairean.	love our neighbours as ourselves. But some of our neighbours need our help more than others. I'm collecting for the villagers now. But tonight I'm helping at the homeless shelter, along with people from other faiths. We all believe that God wants us to help our fellow humans.
Balach/Nighean: An e bhith nur neach-carthannais ar n-obair ma-thà?	Boy/Girl: So is being a charity worker your job?
Neach Saor-thoileach: Chan eil buileach. Tha mi a' faireachdainn gum feum mi a dhèanamh. Tha rudeigin nam bhroinn ag ràdh rium gu bheil feum air, agus tha ùine agamsa air a shon. Saoilidh mise gu bheil Dia ag iarraidh orm a dhèanamh.	Volunteer: Not exactly. It's something I feel I have to do. Something inside me says it needs doing, and I have some spare time for it. It seems to me that God wants me to do it.
Balach/Nighean: A bheil sibh a' smaoinachadh gum bi Dia a' bruidhinn ribh?	Boy/Girl: Do you think God actually talks to you?
Neach Saor-thoileach: Uill, cha bhi E a' bruidhinn rium mar a tha mise a' bruidhinn riutsa an-dràsta. Bidh mi a' leughadh a' Bhìobaill agus ag ùrnaigh airson stiùireadh, agus bidh Dia ga mo chuideachadh gu bhith a' faicinn gu soilleir nam inntinn dè tha E ag iarraidh orm a dhèanamh. Tha mise a' creidsinn gu bheil Dia airson gun cuidich mi daoine eile, agus tha mi mar sin a' cruinneachadh airson carthannas.	Volunteer: Well, he doesn't talk to me like I'm talking to you now. But I read the Bible and then I pray for guidance, and God helps me to see clearly in my mind what he wants me to do. I believe that God wants me to help others, and so I'm collecting for charity now.
Balach/Nighean: Tha sin ceart gu leòr.	Boy/Girl: Fair enough.
Neach Saor-thoileach: Uill, bha e math bruidhinn riut. Tha min dòchas gun tug mi dhut rudeigin air an smaoinich thu. A bheil thu airson rud beag a thoirt seachad?	Volunteer: Well, it's been lovely talking to you. I hope I've given you something to think about. Now, would you like to make a small donation?

Balach/Nighean: Tha gu dearbha.	Boy/Girl: Yes, I would.
Neach Saor-thoileach: Mòran taing. Tha sin coibhneil. Tha mi cinnteach gum bi beatha nan daoine nas fheàrr air sgàth sin. Thoir mo bheannachdan gu neach-reic am 'Big Issue' nuair a bhruidhneas tu ris a h-uile duine. Saoilidh mi gum bi rudeigin aige dhut.	Volunteer: Thank you. You're very kind. I'm sure the lives of the people I'm collecting for will be better for that. Oh, and do give my best wishes to your friend, the 'Big Issue' seller, when you've finished talking to everyone. I think he may have something for you.

Còmhradh 1 leis an Neach-naidheachd (Iùdhach)

Neach-naidheachd: Haidh! Tha coltas ort gu bheil ceist agad dhomh.	Journalist: Hi there! You look like you want to ask me something.
Balach/Nighean: A bheil am biadh an seo math?	Boy/Girl: Is the food in here any good?
Neach-naidheachd: Tha coltas an acrais ort, ach na gabh aon ghrèim san taigh-bìdh seo ma tha diù agad do cheartas.	Journalist: You do look a little peckish, but I advise you not to eat in this restaurant if you care at all about justice.
Balach/Nighean: Carson? A bheil na prìsean gun chiall?	Boy/Girl: Why? Do they charge silly prices?
Neach-naidheachd: Tha na prìsean daor gun teagamh – ach tha sin an urra riutha fhèin. Ach nam bheachd-sa bhiodh daoine na b' fheàrr ithe ann an àite nas saoire agus an t-airgead a shàbhaladh iad a thoirt do charthannas a tha a' toirt biadh do dhaoine acrach an t-saoghail.	Journalist: They do indeed charge vast amounts of money for their meals - which is up to them, of course. But my point is that their customers would do better if they ate somewhere cheaper and gave the money they saved to a charity that provides food for the hungry people in this world.
Balach/Nighean: A bheil sibh dìreach air biadh a ghabhail an seo?	Boy/Girl: Have you just had a meal here?
Neach-naidheachd: Chan eil, dìreach cofaidh agus 's e fear fair trade a bh' ann. Tha sin a' ciallachadh gun d' fhuair na tuathanaich a chuir na pònair chofaidh prìs chothromach orra. Cha b' urrainn dhomh ithe ann an àite mar seo agus fios agam gu bheil trichead mìle duine cloinne a' bàsachadh gach latha air sgàth bochdainn agus dìth beathachaidh am badeigin air an t-saoghal.	Journalist: No, only a coffee and I made sure it was a fair trade one. That means that the farmers who produced the coffee beans were paid a fair price for them. I couldn't eat in a place like this when I know that, every day, 30,000 children die from poverty and malnutrition somewhere in the world.
Balach/Nighean: Cha robh fios 'am air an sin. Ciamar a tha fios agaibhse?	Boy/Girl: I didn't know that. How come you do?

Neach-naidheachd: Uill, 's e neach-naidheachd a th' annam agus 's e m' obair faighinn a-mach dè tha a' dol air adhart. Tha mi cuideachd nam Iùdhach. Bidh mi a' sgrùdadh an Torah agus tha e ag innse dhomh gu bheil dleastanas orm obrachadh gus ceartas a stèidheachadh san t-saoghal. Bidh mi a' feuchainn ris an fhìrinn innse agus sealltainn do dhaoine ciamar a ghabhas cùisean a dhèanamh nas fheàrr.	Journalist: Well, I'm a journalist and it's my job to find out what's really going on. I'm also Jewish. I study the Torah and it tells me that I have a duty to work to establish justice in this world. So I try to report the truth and show people how things can be changed for the better.
Balach/Nighean: Thoir eisimpleir dhomh de naidheachd a dh'aithris sibh agus a tha a' dol a chuideachadh a' cur às do bhochdainn.	Boy/Girl: Give me an example of a story you've reported that is going to help end poverty.
Neach-naidheachd: Bha mi ann an Dùn Èideann airson ralaidd Make Poverty History. Tha mi a' cur taic ri iomairt Make Poverty History oir 's ann mu cheartas agus a bhith a' stèidheachadh beatha dhòigheil dhan h-uile duine san t-saoghal a tha e. Bha mi airson a bhith aig an ralaidd airson gun sgrìobhainn aithisg a bheireadh air na leughadairean a dhol an sàs san iomairt. Ach bha duilgheadas agam.	Journalist: OK. I was in Edinburgh for the 'Make Poverty History' rally. I support the 'Make Poverty History' campaign as it's all about justice and establishing a decent life for everyone in the world. I wanted to be at the rally so that I could write a report that would make my readers get involved in the campaign. But I was faced with a dilemma.
Balach/Nighean: Dè an duilgheadas?	Boy/Girl: What was the problem?
Neach-naidheachd: Uill, mar a thuirt mi roimhe, 's e Iùdhach a th' annam agus bha an ralaidd air Shabbat, latha fois nan Iùdhach. B' e a' cheist a bh' orm, am bu chòir dhomh Shabbat a chumail agus an ralaidd a chall, no am bu chòir dhomh a dhol a dh'iomairt an aghaidh bochdainn san t-saoghal.	Journalist: Well, as I've said, I'm Jewish and the rally was held on Shabbat, the Jewish day of rest. My dilemma was this. Should I observe Shabbat and miss the rally, or should I go and protest about world poverty?
Balach/Nighean: Thuirt sibh gu bheil faighinn ceartas do dhaoine na phàirt dhe ar creideamh. Nach eil sin nas cudromaiche na fois a ghabhail?	Boy/Girl: You said that getting justice for people is part of your religion. Isn't that more important than resting?

Neach-naidheachd: 'S e latha naomh a th' ann an Shabbat agus bidh sinn a' toirt urram dhan Chruithear le bhith a' gabhail fois. Bidh Iùdhaich a' cur fàilte air a chèile air Shabbat le bhith ag ràdh 'Shabbat shalom', a tha a' ciallachadh 'Shabbat sìth'. Seall ris a' bhidio seo! Tha sin ag innse a h-uile càil mu Shabbat.	Journalist: Shabbat is a holy day and we show respect to the creator by resting. Jewish people greet each other on Shabbat by saying 'Shabbat shalom', which means, in English, 'Shabbat peace'. Hey, take a look at this movie! It shows what Shabbat is all about.
Balach/Nighean: Cha sheall, tapadh leibh. Chan eil mi fhathast a' tuigsinn. Carson le bhith ag ràdh 'Shabbat shalom' a b' urrainn dhuibh a dhol chun an ralaigh?	Boy/Girl: No, thanks. Look, I still don't get it. Why did saying 'Shabbat shalom' mean you could go to the rally?
Neach-naidheachd: Tha 'Shabbat shalom' a' guidhe sìth do dhuine air an taobh a-staigh, agus chan urrainn an sìth sin a bhith agad ma tha fios agad gu bheil daoine a' bàsachadh agus gum b' urrainn dhut rud a dhèanamh mu dheidhinn. Mar sin, shaoil leam gun robh ralaigh a bha ag amas air stad a chur air bochdainn na eisimpleir air 'Shabbat shalom' ann an gnìomh.	Journalist: Well, 'Shabbat shalom' means wishing someone a really deep inner peace, and you can't have that inner peace if you know that people are dying and you could do something about it. So, I thought, going to a rally that aims to end poverty would be an example of 'Shabbat shalom' in action.
Balach/Nighean: Tha mi a' tuigsinn. Mar sin chaidh sibh chun an ralaigh le cogais ghlan.	Boy/Girl: I get it now. So you went to the rally and made your protest with a clear conscience.
Neach-naidheachd: Chaidh. Ach dhòmhsa, chan eil gu leòr ann gu bheil dùthchannan beairteach a' toirt carthannas do dhaoine bochda. Thuirt Rabbi Iùdhach glic uaireigin gur e ar dleastanas daoine a chuideachadh gus iad fhèin fhaighinn a-mach à bochdainn – chan e rudan an-asgaidh a thoirt dhaibh.	Journalist: Yes. But, for me, it is not enough that rich countries give charity to the poor. Many years ago, a wise Jewish rabbi taught that our duty is to help people to overcome poverty themselves - not give them hand-outs.
Balach/Nighean: Hmm... ciamar a nì sibh sin?	Boy/Girl: Hmm... how do you do that?
Neach-naidheachd: Bidh thu ag èisteachd ri daoine agus ri dè tha dhìth orra. Mar sin 's e an dòigh	Journalist: You listen to the people and hear what they need. So the best way to rid the

as fheàrr air cur às do bhoichdainn, taic a thoirt do dhaoine, is do bhuidhnean, a tha ag obair còmhla ri na daoine bochda gus atharrachadh buan a thoirt air am beatha.	world of poverty is to support people and organisations that work in partnership with the poor to make lasting changes to their lives.
Balach/Nighean: Carson ma-thà nach eil riaghaltasan dhùthchannan beairteach a' dèanamh sin?	Boy/Girl: So why don't the governments of rich countries do this?
Neach-naidheachd: Tha iad, ach chan eil gu leòr ann. Sin as coireach gun cùm mi orm le artaigilean, ag argamaid gum feum sinn sabaid airson ceartas agus dèiligeadh ri gach duine le spèis agus urram. 'S dòcha an uair sin gur e eachdraidh lath'-eigin a bhios ann am boichdainn.	Journalist: They do, but it is never enough, I'm afraid. That is why I will keep on writing my articles, arguing that we must fight for justice and treat all human beings with respect and dignity. Then, hopefully, one day, we will make poverty history.
Balach/Nighean: Tha min dòchas.	Boy/Girl: I hope so too.
Neach-naidheachd: Tha mi a' faicinn gu bheil thu a' lorg na firinn, mar a tha mi fhèin. Uill, tha an Torah ag ràdh, 'Cùm air tòir ceartas.' Mar sin, cuir ceistean agus èist gu math mus dèan thu suas d' inntinn mu rud sam bith. Feumaidh mi a-nis crìoch a chur air an artaigil, agus feumaidh tu fhèin bruidhinn ri cuideigin eile. Ò! Nuair a bhruidhneas tu ris a h-uile duine, theirig air ais gu mo charaid a tha a' reic am 'Big Issue'. Dh'fhaodadh gu bheil naidheachd aige dhut.	Journalist: I can see that, like me, you are a seeker after truth. Well, the Torah says, 'Justice, justice shall you pursue.' So always ask questions and listen carefully to what you hear before you make up your mind about anything. Now I must finish writing my article, while you find someone else to talk to. Oh! When you have spoken to everyone, go back and see my friend, the 'Big Issue' seller. I think you'll find he has a pleasant surprise for you.

Còmhradh 2 leis an Neach-naidheachd (Iùdhach)

Neach-naidheachd: Haidh! Tha coltas ort gu bheil ceist agad dhomh.	Journalist: Hi there! You look like you want to ask me something.
Balach/Nighean: A bheil am biadh an seo math?	Boy/Girl: Is the food in here any good?
Neach-naidheachd: Tha coltas an acrais ort, ach na gabh aon ghrèim san taigh-bìdh seo ma tha diù agad do cheartas.	Journalist: You do look a little peckish, but I advise you not to eat in this restaurant if you care at all about justice.
Balach/Nighean: Dè a' ghnòthach a th' aig a bhith ag ithe biadh ri ceartas?	Boy/Girl: What's eating a meal got to do with justice?
Neach-naidheachd: Chan eil e ceart gun urrainn do chuid ithe ann an taigh-bìdh mar seo agus daoine eile air an t-saoghal a' bàsachadh leis an acras. Ach na caill do dhòchas! Faodaidh tu rud a dhèanamh mu dheidhinn le ithe ann an taigh-bìdh nas saoire. Faodaidh tu an uair sin an t-airgead a shàbhail thu a thoirt do charthannas a tha a' toirt biadh do dhaoine gun bhiadh. 'S e rud beag a th' ann dhutsa, ach dh'fhaodadh e an diofar a dhèanamh eadar a bhith beò no marbh do chuideigin eile.	Journalist: It's unjust that some people can eat in a restaurant like this while there are people in the world who are starving to death. But don't despair! You can do something about this injustice simply by eating at a cheaper restaurant. Then you can give the money you've saved to a charity that helps to feed people who have no food. It's a small thing for you to do, but it could be the difference between living or dying for someone else.
Balach/Nighean: Tha e follaiseach gu bheil ceartas cudromach dhuibh. Carson a tha sin?	Boy/Girl: It seems that justice is pretty important to you. Why's that?
Neach-naidheachd: Uill, 's e neach-naidheachd a th' annam agus 's e m' obair faighinn a-mach dè tha a' dol air adhart. Tha mi cuideachd nam Iùdhach. Bidh mi a' sgrùdadh an Torah agus tha e ag innse dhomh gu bheil dleastanas orm obrachadh gus ceartas a stèidheachadh san t-saoghal. Bidh mi a' feuchainn ris an fhìrinn innse agus sealltainn do dhaoine ciamar a ghabhas cùisean a dhèanamh nas fheàrr.	Journalist: Well, I'm a journalist and it's my job to find out what's really going on. I'm also Jewish. I study the Torah and it tells me that I have a duty to work to establish justice in this world. So I try to report the truth and show people how things can be changed for the better.

Balach/Nighean: Thoir eisimpleir dhomh de naidheachd a dh'aithris sibh agus a tha a' dol a chuideachadh a' cur às do bhochdainn.	Boy/Girl: Give me an example of a story you've reported that is going to help end poverty.
Neach-naidheachd: Bha mi ann an Dùn Èideann airson ralaidd Make Poverty History. Tha mi a' cur taic ri iomairt Make Poverty History oir 's ann mu cheartas agus a bhith a' stèidheachadh beatha dhòigheil dhan h-uile duine san t-saoghal a tha e. Bha mi airson a bhith aig an ralaidd airson gun sgrìobhainn aithisg a bheireadh air na leughadairean a dhol an sàs san iomairt. Ach bha duilgheadas agam.	Journalist: OK. I was in Edinburgh for the 'Make Poverty History' rally. I support the 'Make Poverty History' campaign as it's all about justice and establishing a decent life for everyone in the world. I wanted to be at the rally so that I could write a report that would make my readers get involved in the campaign. But I was faced with a dilemma.
Balach/Nighean: Dè an duilgheadas?	Boy/Girl: What was the problem?
Neach-naidheachd: Uill, mar a thuirt mi roimhe, 's e Iùdhach a th' annam agus bha an ralaidd air Shabbat, latha fois nan Iùdhach. B' e a' cheist a bh' orm, am bu chòir dhomh Shabbat a chumail agus an ralaidd a chall, no am bu chòir dhomh a dhol a dh'iomairt an aghaidh bochdainn san t-saoghal.	Journalist: Well, as I've said, I'm Jewish and the rally was held on Shabbat, the Jewish day of rest. My dilemma was this. Should I observe Shabbat and miss the rally, or should I go and protest about world poverty?
Balach/Nighean: Thuirt sibh gu bheil faighinn ceartas do dhaoine na phàirt dhe ar creideamh. Nach eil sin nas cudromaiche na fois a ghabhail?	Boy/Girl: You said that getting justice for people is part of your religion. Isn't that more important than resting?
Neach-naidheachd: 'S e latha naomh a th' ann an Shabbat agus bidh sinn a' toirt urram dhan Chruithear le bhith a' gabhail fois. Bidh Iùdhaich a' cur fàilte air a chèile air Shabbat le bhith ag ràdh 'Shabbat shalom', a tha a' ciallachadh 'Shabbat sìth'. Seall ris a' bhidio seo! Tha sin ag innse a h-uile càil mu Shabbat.	Journalist: Shabbat is a holy day and we show respect to the creator by resting. Jewish people greet each other on Shabbat by saying 'Shabbat shalom', which means, in English, 'Shabbat peace'. Hey, take a look at this movie! It shows what Shabbat is all about.
Balach/Nighean: OK. Coimheadaidh mi air.	Boy/Girl: OK. I'd like to see that.

Neach-naidheachd: Uill, le bhith a' smaoin eachadh mu Shabbat bhuail rudeigin orm. Dh'fhaodainn 'Shabbat shalom' a chur an gnìomh le bhith a' dol chun an ralaith.	Journalist: You see, thinking about Shabbat gave me a brainwave. I could put 'Shabbat shalom' into practice by going to the rally.
Balach/Nighean: Chan eil mi fhathast a' tuigsinn. Carson le bhith ag ràdh 'Shabbat shalom' a b' urrainn dhuibh a dhol chun an ralaith?	Boy/Girl: I still don't get it. Why did saying 'Shabbat shalom' mean you could go to the rally?
Neach-naidheachd: Tha 'Shabbat shalom' a' guidhe sìth do dhuine air an taobh a-staigh, agus chan urrainn an sìth sin a bhith agad ma tha fios agad gu bheil daoine a' bàsachadh agus gum b' urrainn dhut rud a dhèanamh mu dheidhinn. Mar sin, shaoil leam gun robh ralaith a bha ag amas air stad a chur air bochdainn na eisimpleir air 'Shabbat shalom' ann an gnìomh.	Journalist: Well, 'Shabbat shalom' means wishing someone a really deep inner peace, and you can't have that inner peace if you know that people are dying and you could do something about it. So, I thought, going to a rally that aims to end poverty would be an example of 'Shabbat shalom' in action.
Balach/Nighean: Tha mi a' tuigsinn. Mar sin chaidh sibh chun an ralaith le cogais ghlan.	Boy/Girl: I get it now. So you went to the rally and made your protest with a clear conscience.
Neach-naidheachd: Chaidh. Ach dhòmhsa, chan eil gu leòr ann gu bheil dùthchannan beairteach a' toirt carthannas do dhaoine bochda. Thuirt Rabbi Iùdhach glic uaireigin gur e ar dleastanas daoine a chuideachadh gus iad fhèin fhaighinn a-mach à bochdainn – chan e rudan an-asgaidh a thoirt dhaibh.	Journalist: Yes. But, for me, it is not enough that rich countries give charity to the poor. Many years ago, a wise Jewish rabbi taught that our duty is to help people to overcome poverty themselves - not give them hand-outs.
Balach/Nighean: Tha sin ceart gu leòr, ach nam bithinn-sa leis an acras, bhithinn ag iarraidh biadh an-diugh, seach feitheamh ri cobhair airson biadh a-màireach.	Boy/Girl: That's sounds fine but, if I was starving, I'd want food today rather than help to feed me tomorrow.
Neach-naidheachd: Tha mi a' tuigsinn dè tha thu ag ràdh. Ach tha e a' toirt an spèis bho dhaoine ma dh'fheumas iad a bhith ri dèirce	Journalist: I understand what you're saying. But it robs people of their dignity if they must always beg us for food. Don't you

airson am bìdh. Nach eil thu ag aontachadh?	agree?
Balach/Nighean: 'S dòcha an dèidh cobhair èiginn a chur gum feum sinn daoine a chuideachadh gus dòighean a lorg air iad fhèin a chuideachadh an dèidh sin.	Boy/Girl: OK. Perhaps, after we've sent emergency supplies, we need to help people to find ways of supporting themselves in the future.
Neach-naidheachd: Tha mi a' creidsinn sin. Ma bhios ceartas againn dhan h-uile duine, cha bhi feum air cobhair an-asgaidh a thoirt do dhuine. Cha bhi daoine an eisimeil dhaoine eile agus thèid aca air iad fhèin agus an teaghlaichean a chumail. Tha mo chreideamh ag innse seo dhomh, agus mo chiall nàdarra.	Journalist: I believe that. If we have justice for all, then there will be no need for hand-outs. People will be independent and able to support themselves and their children. My religion tells me this and so does my common sense.
Balach/Nighean: Tapadh leibh airson ar beachd. Tha beachdan làidir agaibh gun teagamh.	Boy/Girl: Well, thanks for letting me know what you think. You certainly have strong opinions.
Neach-naidheachd: Tha mi a' faicinn gu bheil thu a' lorg na firinn, mar a tha mi fhèin. Uill, tha an Torah ag ràdh, 'Cùm air tòir ceartas.' Mar sin, cuir ceistean agus èist gu math mus dèan thu suas d' inntinn mu rud sam bith. Feumaidh mi a-nis crìoch a chur air an artaigil, agus feumaidh tu fhèin bruidhinn ri cuideigin eile. Ò! Nuair a bhruidhneas tu ris a h-uile duine, theirig air ais gu mo charaid a tha a' reic am 'Big Issue'. Dh'fhaodadh gu bheil naidheachd aige dhut.	Journalist: I can see that, like me, you are a seeker after truth. Well, the Torah says, 'Justice, justice shall you pursue.' So always ask questions and listen carefully to what you hear before you make up your mind about anything. Now I must finish writing my article, while you find someone else to talk to. Oh! When you have spoken to everyone, go back and see my friend, the 'Big Issue' seller. I think you'll find he has a pleasant surprise for you.

Còmhradh 3 leis an Neach-naidheachd (Iùdhach)

Neach-naidheachd: Haidh! Tha coltas ort gu bheil ceist agad dhomh.	Journalist: Hi there! You look like you want to ask me something.
Balach/Nighean: A bheil am biadh an seo math?	Boy/Girl: Is the food in here any good?
Neach-naidheachd: Tha coltas an acrais ort, ach na gabh aon ghrèim san taigh-bìdh seo ma tha diù agad do cheartas.	Journalist: You do look a little peckish, but I advise you not to eat in this restaurant if you care at all about justice.
Balach/Nighean: Carson? A bheil na prìsean gun chiall?	Boy/Girl: Why? Do they charge silly prices?
Neach-naidheachd: Tha na prìsean daor gun teagamh – ach tha sin an urra riutha fhèin. Ach nam bheachd-sa bhiodh daoine na b' fheàrr ithe ann an àite nas saoire agus an t-airgead a shàbhaladh iad a thoirt do charthannas a tha a' toirt biadh do dhaoine acrach an t-saoghail.	Journalist: They do indeed charge vast amounts of money for their meals - which is up to them, of course. But my point is that their customers would do better if they ate somewhere cheaper and gave the money they saved to a charity that provides food for the hungry people in this world.
Balach/Nighean: Tha mi a' faicinn gu bheil seo a' ciallachadh tòrr dhuibh. Carson a tha e a' dèanamh uiread de dhragh dhuibh?	Boy/Girl: I can see you really care about this. Why does it bother you so much?
Neach-naidheachd: Uill, 's e neach-naidheachd a th' annam agus 's e m' obair faighinn a-mach dè tha a' dol air adhart. Tha mi cuideachd nam Iùdhach. Bidh mi a' sgrùdadh an Torah agus tha e ag innse dhomh gu bheil dleastanas orm obrachadh gus ceartas a stèidheachadh san t-saoghal. Bidh mi a' feuchainn ris an fhìrinn innse agus sealltainn do dhaoine ciamar a ghabhas cùisean a dhèanamh nas fheàrr.	Journalist: Well, I'm a journalist and it's my job to find out what's really going on. I'm also Jewish. I study the Torah and it tells me that I have a duty to work to establish justice in this world. So I try to report the truth and show people how things can be changed for the better.
Balach/Nighean: Thoir eisimpleir dhomh de naidheachd a dh'aithris sibh agus a tha a' dol a chuideachadh a' cur às do bhoichdainn.	Boy/Girl: Give me an example of a story you've reported that is going to help end poverty.

Neach-naidheachd: Bha mi ann an Dùn Èideann airson ralaiddh Make Poverty History. Tha mi a' cur taic ri iomairt Make Poverty History oir 's ann mu cheartas agus a bhith a' stèidheachadh beatha dhòigheil dhan h-uile duine san t-saoghal a tha e. Bha mi airson a bhith aig an ralaiddh airson gun sgrìobhainn aithisg a bheireadh air na leughadairean a dhol an sàs san iomairt. Ach bha duilgheadas agam.	Journalist: OK. I was in Edinburgh for the 'Make Poverty History' rally. I support the 'Make Poverty History' campaign as it's all about justice and establishing a decent life for everyone in the world. I wanted to be at the rally so that I could write a report that would make my readers get involved in the campaign. But I was faced with a dilemma.
Balach/Nighean: Dè an duilgheadas?	Boy/Girl: What was the problem?
Neach-naidheachd: Uill, mar a thuirt mi roimhe, 's e Iùdhach a th' annam agus bha an ralaiddh air Shabbat, latha fois nan Iùdhach. B' e a' cheist a bh' orm, am bu chòir dhomh Shabbat a chumail agus an ralaiddh a chall, no am bu chòir dhomh a dhol a dh'iomairt an aghaidh bochdainn san t-saoghal.	Journalist: Well, as I've said, I'm Jewish and the rally was held on Shabbat, the Jewish day of rest. My dilemma was this. Should I observe Shabbat and miss the rally, or should I go and protest about world poverty?
Balach/Nighean: Carson nach b' urrainn dhuibh a dhol a dh'iomairt air latha eile?	Boy/Girl: Why couldn't you make your protest on another day?
Neach-naidheachd: Bha prìomhairean nan dùthchannan as beartiche air an t-saoghal an Dùn Èideann an latha sin agus bheireadh an ralaiddh orra èisteachd. Bha mi air kippah sònraichte, geal a cheannach oir bha mi airson sealltainn gun robh Dia leam agus gun robh a' chùis againn ceart. Bha mi a' faireachdainn gum feumainn a bhith ann, ach cha b' urrainn dhomh a dhol an aghaidh mo chreideimh le bhith ag obair air Shabbat.	Journalist: The leaders of the richest nations in the world were in Edinburgh on that day and the rally was really going to make them listen. I had bought a special white kippah to wear, because I wanted to show that God was with me and that our cause was just. I felt I had to be there, but I couldn't go against my faith by working on Shabbat.
Balach/Nighean: Dè rinn sibh ma-thà?	Boy/Girl: So what did you do?
Neach-naidheachd: Bha deagh smuain agam! 'S e 'Shabbat shalom' fàilte Shabbat, 's tha e a'	Journalist: I had a great idea! The Shabbat greeting is 'Shabbat shalom', which

ciallachadh sìth. Tha e a’ ciallachadh barrachd na ‘sìth, gun chòmhstri’ ge-tà. ‘S e faireachdainn blàth, sìtheil annad fhèin a th’ ann dhan h-uile duine agus dhan h-uile nì sa chruthachadh. Le bhith a’ dol chun an ralaigh, chuirinn fìor fhàilte ‘Shabbat shalom’ gu prìomhairean an t-saoghail – oir, nan cuireadh iad stad air bochdainn, bhiodh sìth ceart san t-saoghal.	translates into English as 'Shabbat peace'. It means much more than 'peace, not conflict', though. It's having a warm, inner feeling of peace with everyone and everything in creation. By going to the rally I would send a real 'Shabbat shalom' greeting to the world leaders - because, if they ended poverty, then the world would know real peace.
Balach/Nighean: Agus an tuirt sibh ri na prìomhairean sin rudeigin a dhèanamh?	Boy/Girl: So, did you tell those world leaders to get their act together?
Neach-naidheachd: Chaidh. Ach dhòmhsa, chan eil gu leòr ann gu bheil dùthchannan beairteach a’ toirt carthannas do dhaoine bochda. Thuirt Rabbi Iùdhach glic uaireigin gur e ar dleastanas daoine a chuideachadh gus iad fhèin fhaighinn a-mach à bochdainn – chan e rudan an-asgaidh a thoirt dhaibh.	Journalist: Yes. But, for me, it is not enough that rich countries give charity to the poor. Many years ago, a wise Jewish rabbi taught that our duty is to help people to overcome poverty themselves - not give them hand-outs.
Balach/Nighean: Hmm... ciamar a nì sibh sin?	Boy/Girl: Hmm... how do you do that?
Neach-naidheachd: Bidh thu ag èisteachd ri daoine agus ri dè tha dhìth orra. Mar sin ‘s e an dòigh as fheàrr air cur às do bhochdainn, taic a thoirt do dhaoine, is do bhuidhnean, a tha ag obair còmhla ri na daoine bochda gus atharrachadh buan a thoirt air am beatha.	Journalist: You listen to the people and hear what they need. So the best way to rid the world of poverty is to support people and organisations that work in partnership with the poor to make lasting changes to their lives.
Balach/Nighean: Tha sibh mar sin dhen bheachd nach e dìreach a bhith a’ toirt rudan do dhaoine a th’ ann an carthannas?	Boy/Girl: You believe that charity is about more than just giving things to people, don't you?
Neach-naidheachd: Tha mi a’ creidsinn sin. Ma bhios ceartas againn dhan h-uile duine, cha bhi feum air cobhair an-asgaidh a thoirt do dhuine. Cha bhi daoine an eisimeil dhaoine eile agus thèid aca air iad fhèin agus an teaghlaichean a chumail. Tha	Journalist: I believe that. If we have justice for all, then there will be no need for hand-outs. People will be independent and able to support themselves and their children. My religion tells me this and so does my common sense.

mo chreideamh ag innse seo dhomh, agus mo chiall nàdarra.	
Balach/Nighean: B' fheàrr leam gun robh mi a' creidsinn sin, ach saoilidh mi gum bi daoine bochda ann co-dhiù ge b' e dè nì sinn.	Boy/Girl: I wish I could believe that, but I think there will always be poor people, no matter what we do.
Neach-naidheachd: Tha mo chreideamh ag ràdh rium nach eil math dhomh gu bràth sgur a shabaid airson ceartas a stèidheachadh. Tha an Torah ag ràdh, 'Cùm air tòir ceartas.' Agus sin a nì mi. Ach feumaidh tu d' inntinn fhèin a dhèanamh suas air ciamar a bhios do bheatha. Ge b' e dè thaghas tu, tha mi an dòchas gum faigh thu sìth. Nis, ma bhruidhinn thu ris a h-uile duine, thalla agus can 'Shalom' ri mo charaid a tha a' reic am 'Big Issue'. Dh'fhaodadh gu bheil naidheachd aige dhut.	Journalist: My faith tells me that I must never give up trying to establish justice. The Torah says, 'Justice, justice shall you pursue.' So that is what I shall do. But you must make up your own mind how to live your life. Whatever you decide, I hope that you find peace. Now, if you have spoken to everyone you need to speak to, please go and say 'Shalom' to my friend, the 'Big Issue' seller. I think he may have a pleasant surprise for you.

Bhidiothan / Dealbhan bheò

An Neach-naidheachd: Shabbat	
Tha Shabbat a’ tòiseachadh nuair a thèid a’ ghrian fodha oidhche Haoine. Dìreach ro dhol fodha na grèine, tha coinnean Shabbat gan lasadh san taigh agus am beannachadh ga aithris.	Shabbat begins at sunset on Friday night. Just before sunset, Shabbat candles are lit in the home and a blessing is recited.
Feumaidh Iùdhaich fois a ghabhail bho obair sam bith air Shabbat – tha sin a’ ciallachadh gum feumar na coinnean a lasadh dìreach mus tòisich Shabbat, agus feumar biadh an fheasgair a dheasachadh ro-làimh.	Jews must rest from any work over Shabbat – this means that the candles need to be lit just before Shabbat starts, and the evening meal needs to be cooked in advance.
Air Shabbat bidh na h-Iùdhaich a’ cuimhneachadh mar a ghabh Dia fois an dèidh Dha an saoghal a chruthachadh, agus cuideachd a’ cuimhneachadh mar a chaidh an saoradh bho thràillealachd san Èipheit.	Jews use Shabbat to remember how God rested after creating the world, and also to remember how they were freed from slavery in Egypt.
Bidh sailm, ùrnaighean agus beannachdan gan aithris san dachaigh oidhche Haoine. An ath mhadainn, bidh seirbheis san t-sionagog. Bidh leughadh na seachdain às an Torah air aithris an sin.	Psalms, prayers and blessings are said on the Friday night at home. The next morning, a service is held in the synagogue. At this service the week’s reading from the Torah is chanted.
Bidh Shabbat a’ crìochnachadh aig dol fodha na grèine Disathairne. Bidh ùrnaigh ga leughadh gus deireadh Shabbat a chomharrachadh, agus bidh seirbheis shònraichte ann nuair a bhios beannachdan gan cantainn thairis air fion, spìosraidhean agus coinneal laiste.	The end of Shabbat is at sunset on Saturday night. A prayer is read which marks the end of Shabbat, and a special ceremony called Havdalah occurs during which blessings are said over wine, spices and a lighted candle.
Tha an cupa fion ga òl an uair sin. Bidh drudhag fion ga dòrtadh air truinnsear agus a’ choinneal ga cur às. Seo deireadh Shabbat.	Then the cup of wine is drunk. Some wine is spilt on a plate and the candle is extinguished. This is the end of Shabbat.
An Neach Saor-thoileach Christian Aid: A’ Cuideachadh Dhaoine	

Mata 25:31-40 Thuirt Iosa ris an luchd-leantainn aige, nuair a thilleadh e dhan t-saoghal, gun toireadh e duais dhan fheadhainn a bha còir agus coibhneil ri daoine a bha bochd agus ann an èis. Thuirt e riutha, 'Bha mi acrach, agus thug sibh dhomh biadh, bha mi tartmhor, agus thug sibh dhomh deoch, bha mi nam choigreach, agus thug sibh aoiheachd dhomh. Bha mi lurmachd agus thug sibh aodach dhomh, bha mi tinn agus thug sibh an aire orm, bha mi sa phrìosan agus thàinig sibh gam fhaicinn.	Matthew 25:31-40: Jesus told his followers that, when he returned to the world, he would reward people who had been kind and generous to the poor and needy. He would tell them, 'I was hungry and you gave me something to eat, I was thirsty and you gave me something to drink, I was a stranger and you invited me in, I needed clothes and you clothed me, I was sick and you looked after me, I was in prison and you came to visit me.'
Bha fios aig Iosa gum biodh seo na cheist air cuid dhe na bha a' creidsinn ann. Thuirt e gum faighnicheadh na daoine sin, 'A Thighearna, cuin a chunnaic sinn acrach thu, agus a bheathaich sinn thu, no tartmhor agus a thug sinn deoch dhut? Cuin a chunnaic sinn nad choigreach thu agus a thug sinn aoiheachd dhut, no lurmachd agus a thug sinn aodach dhut? No cuin a chunnaic sinn tinn thu, no ann am prìosan, agus a thàinig sinn ad ionnsaigh?	Jesus knew that this would puzzle some people who were believers in him. He said that these people would ask, 'Lord, when did we see you hungry and feed you, or thirsty and give you something to drink? When did we see you a stranger and invite you in, or needing clothes and clothe you? When did we see you sick or in prison and go to visit you?'
Thuirt Iosa gum freagradh e, 'Tha mi ag innse na firinn dhuibh. Ge bith dè rinn sibh do aon de na bràithrean as lugha agamsa, rinn sibh dhòmhsa e.'	Jesus said that he would reply, 'I tell you the truth. Whatever you did for one of the least of these brothers of mine, you did for me.'
Bha Iosa a' feuchainn ri toirt air a luchd-leantainn tuigsinn gum bu chòir dhaibh a bhith gràdhach agus còir do dhaoine nach robh cho math dheth riutha fhèin, san aon dòigh san robh gràdh acasan dha-san.	Jesus was trying to make his followers understand that they should give love and kindness to people less fortunate than themselves, in the same way as they loved him.
Thugadh an sgrìobtain (le facal no dhà air ùrachadh) bho: Bioball: Leabhraichean an t-Seann Tiomnaidh agus An Tiomnaidh Nuaidh: © Comunn Bhìoball Dùthchail na h-Alba.	Scripture taken from the Holy Bible, TODAY'S NEW INTERNATIONAL VERSION® and NEW INTERNATIONAL VERSION®. Copyright © 1973, 1978, 1984 International Bible Society. All rights reserved throughout the world. Used by permission of International Bible Society.

An Neach Saor-thoileach Christian Aid: An Samaritanach Math	
Dh'fhaighnich fear uaireigin do dh'Iosa dè dhèanadh e airson a bhith cinnteach faighinn a nèamh.	A man once asked Jesus what he should do to make sure that he would go to heaven.
Thuir Iosa ris e leantainn mar a tha am Bìoball ag ràdh: 'Gràdhaich an Tighearna do Dhia le d' uile chridhe, agus le d' uile anam agus le d' uile neart agus le d' uile inntinn, agus do choimhearsnach mar thu fhèin.'	Jesus told him to follow what the Bible says: 'Love God with all your heart and strength and soul and love your neighbour as yourself.'
Dh'fhaighnich an duine an uair sin, 'Cò e mo choimhearsnach?' Fhreagair Iosa le sgeulachd mu 'Shamaritanach Math'. Seo dreach ùr dhen sgeulachd.	Then the man asked, 'Who is my neighbour?' Jesus answered by telling the story of the 'Good Samaritan'. Here is a modern version of the story.
Aon latha bha Iùdhach a' coiseachd air rathad iomallach. Thug e sùil nearbhasach suas an cnoc creagach agus e na chabhaig air an rathad.	Once, a Jewish man was walking along a lonely road. He glanced nervously up at the rocky hillside as he hurried along.
Chuala e èigh agus leum luchd-reubainn a-mach às a' choille agus thug iad ionnsaigh air.	Then he heard a loud shout and a gang of ruffians leapt out from their hiding place in the woods and attacked him.
Dh'fheuch e ri ruith ach cha do rinn sin feum dha. Rug na daoine air agus leag iad e. Ghoid iad an t-airgead aige, bhreab iad e agus leòn iad e.	He tried to run but it was hopeless. The gang soon caught him and knocked him to the ground. They stole all his money and then they kicked him and beat him.
Nuair a bha iad deiseil, choisich iad air falbh agus dh'fhàg iad an duine na shìneadh gun mhothachadh ri taobh an rathaid.	When they had finished their vicious assault, they strolled away, leaving the man lying bleeding and unconscious by the side of the road.
Greiseag an dèidh sin thàinig sagart Iùdhach a-nuas an rathad. Chunnaic e an duine na shìneadh ann an loch fala, ach an àite a chuideachadh mar a shaoileadh tu,	A few minutes later a Jewish priest came walking along that same stretch of road. He saw the man lying there in a pool of blood but, instead of running to help him as you might expect,
chaidh e tarsainn an rathaid agus chùim e a' dol. Leig an sagart air nach fhaca e an duine a bh' air a leòn, agus cha tug e fiù 's sùil air ais air an duine bho chd.	he crossed over to the other side of the road and strode on. The priest pretended that he hadn't noticed the injured man and didn't give the poor fellow so much as a backward glance.

An ceann uair a thìde, thàinig fear eile a-nuas an rathad. B' e Lebhitheach a bh' annsan agus bhiodh e a' cuideachadh nan sagart len obair. Chuala e an leòinteach a' gearran agus stad e agus choimhead e air.	An hour passed and then another man came down the road. He was a Levite and it was his job to assist the priests in their work. He heard the injured man groan and he stopped and stared at him.
Thug e an uair sin sùil timcheall leis an eagal. 'S dòcha gun robh na mèirlich fhathast faisg agus gun tilleadh iad. Mar sin, an àite an duine a chuideachadh, ghreas an Lebhitheach air air falbh.	Then he looked around fearfully. For all he knew, the robbers were still nearby and might return at any second. So, instead of helping the wounded man, the Levite hurried away.
Cha robh cùisean a' coimhead ro mhath idir dhan duine. Cha do chuidich an sagart no an Lebhitheach e agus bha an ùine a' ruith. Mura faigheadh e cuideachadh gu math luath, bhàsaicheadh e. Bha e a' gearran na èiginn.	Things were looking hopeless for the man. The priest and the Levite had ignored him and time was running out fast. If he didn't get help soon, he would die. He moaned in despair.
An uair sin chunnaic e Samaritanach pìos air falbh.	Then, at that moment, he saw a Samaritan in the distance.
Nis, bha gràin aig na h-Iùdhaich agus aig na Samaritanaich air a chèile, agus theab an duine leigeil roimhe. Ma chuir a chuideachd fhèin cùl ris, cha robh dòchas gun cuidicheadh Samaritanach e.	Now, Samaritans and Jews hated one another, so the man's heart sank. If his own people had turned their backs on him, what chance was there that a Samaritan would come to his aid?
Ach cho luath 's a chunnaic an Samaritanach an duine, ruith e a-null thuige. Chrùb e sìos ri thaobh, gun ghuth air fhèin, agus choimhead e air lotan an duine.	But as soon as the Samaritan saw the man, he dashed over to him. He knelt by his side and, without a thought for his own safety, he took the time to examine the poor fellow's injuries.
Bhruidhinn e gu coibhneil ris an duine agus gheall e dha nach fhàgadh e e.	He spoke kindly to the man and reassured him that he wouldn't abandon him to his fate.
Dhòirt an Samaritanach fion daor agus ola air lotan an duine airson an glanadh agus chuir e an uair sin bannan air na lotan.	The Samaritan poured expensive wine and oil on the man's wounds to clean them and then he bandaged up the man's cuts and bruises.
Ged nach robh e furasta dhan t-Samaritanach an duine a thogail, chaidh aige air a chur air an aiseal aige agus a	With some difficulty the Samaritan managed to lift the man onto his own donkey and took him to an inn.

thoirt gu taigh-òsta.	
Phàigh e airson rùm an sin gus am faigheadh an duine fois agus gus am fàsadh e nas fheàrr. Nuair a bha e cinnteach gun robh an duine sàbhailte, chùm an Samaritanach air.	Here he paid for a room so that the man could rest and recover from his beating. When he was sure that the man was in safe hands, the Samaritan went on his way.
Thill e an ath latha le gu leòr airgid a phàigheadh dhan duine àite-fuirich agus cùram fhaighinn san taigh-òsta gus am biodh e math gu leòr airson fàgail.	However, he returned the next day with enough money to pay for the man to stay at the inn and be nursed until he was well enough to leave.
Nuair a chuir Iosa crìoch air an sgeulachd, dh'fhaighnich e, 'Cò am fear dhen trìuir a bha na choimhearsnach dhan duine a chaidh fhàgail ri taobh an rathaid mar gun robh e marbh?'	When Jesus finished telling the story, he asked, 'Which of the three men do you think was a neighbour to the man who was left for dead by the side of the road?'
Fhreagair am fear a chuir a' cheist sa chiad àite, 'Am fear a sheall tròcair dha agus a chuidich e.' Ghnog Iosa a cheann agus thuirt e ris, 'Thalla thusa a-nis agus dèan an aon rud.'	The man who had asked him the question at the beginning replied, 'The one who showed pity and helped him.' Jesus nodded and said, 'Now you go and do the same.'
An Lannsair Sean: Ramadan	
Tha an dealbh-bheò seo a' sealltainn co ris a tha e coltach rè Ramadan. Aig toiseach na deilbh tha a' ghrian ag èirigh agus a' dol fodha. Às dèidh sin chì thu dealbh de dhaileagan, agus teaghlach nan suidhe aig bòrd agus e a' còrdadh riutha.	This animation shows us what it is like during Ramadan. At the start of the animation the sun rises and sets. After this you will see a picture of some dates, followed by a family sat round a table eating and enjoying themselves.
Rè Ramadan, bidh Muslamaich a' trasgadh tron latha. Nuair a bhios an latha seachad, ithidh mòran Mhuslamach daileagan, agus an uair sin gabhaidh iad biadh ceart nas fhaide air adhart.	During Ramadan, Muslims fast during the day. When the day is over, many Muslims will have some dates to eat, and then have a proper meal later on.
Bidh iad ag ithe dhaileagan oir tha iad a' leantainn eisimpleir an Fhàidh Muhammad, sìth gun robh dha, a dh'ith	They eat dates to follow the example of the Prophet Muhammad, peace be upon him, who ate dates to break his

daileagan gus an trasgadh a bhriseadh.	fast.
Tha na feasgair rè Ramadan math airson a bhith a' toirt teaghlaichean agus caraidean còmhla, agus airson gum beachdaich Muslamaich air mar a tha iad a' roinn rudan còmhla ri daoine eile.	Evenings during Ramadan are a good time for families and friends to get together, and for Muslims to reflect on how they share things with other people.



© 2012

bbc.co.uk/foghlam